

STIÙIREADH TABHARTAIS TUGHaidH CEANN-TAIGHE



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

Dè bhios sinn a' maoineachadh?

Tha Tabhartas Stuthan Tughaidh Ceann-taighe a' tabhann taic de suas ri £5,000 às leth cosgais an lùib càradh is cumail suas togalach le tughadh. A thuilleadh air croitearan-seilbhe, is urrainn do HES taic a chur ri tagraichean bho luchd-seilbh a bhios a' cleachdadh an togalaichean airson adhbharan coimearsalta, a' gabhail a-steach taighean air màl. Ach, tha sinn a' cur lùghdachadh de 20% air ar tabhartasan sna cùisean sin.

Faodaidh tu £35 gach meatair ceàrnagach a dhleasadh a dh'ionnsaigh chosgaisean obrach pearsanta, no suas ri £45 gach meatair ceàrnagach mas urrainn dhut fianais a thoirt gu bheil thu air trèanadh sgilean traidiseanta a thabhann do shaor-thoileach aig àm na h-obrach. Ma tha thu a' solarachadh do stuthan fhèin, faodaidh tu £10 a bharrachd gach meatair ceàrnagach a thagradh.

Mar eisimpleir, ma tha thu a' solarachadh do thughadh fhèin ach nach eil thu a' trèanadh saor-thoileach, faodaidh tu £45 gach meatair ceàrnagach a thagradh. Ma tha sibh le chèile a' solarachadh ur tughaidh fhèin, agus a' trèanadh saor-thoileach, faodaidh tu £55 gach meatair ceàrnagach a thagradh.

Ma tha thu a' ceannach do stuthan fhèin bho chàch, bheir sinn na cosgaisean dhut air ais mu choinneamh fàirdeal no cuibhteas.

Faodaidh cosgaisean giùlain stuthan an tagradh cuideachd mar phàirt de chosgaisean a' phròiseict agad aig reat de 45sg sa mhìle. A thuilleadh air sin, faodaidh cuibhreann de £150 no 5% de chosgaisean iomlan a' phròiseict (ge 'r bith an sùim as motha) a bhith dèante mu choinneamh chosgaisean stèidheachaidh an làraich, gus dèanamh cinnteach à stòradh sàbhailte is iomchaidh air stuthan, agus cosgaisean obrachaidh air an làraich.

Eisimpleir

Tha taigh tughaidh de 65 meatairean ceàrnagach aig Seòras ann an Tìrìodh agus tha an tughadh deiseil airson ath-ùrachadh gu h-iomlan. Tha iad air muran fhaotainn taobh a-staigh deich mìle den togalach aca, a bhuaineas iad agus a' ghiùlaineas iad chun an taighe aca. Mar phàirt den obair, tha Seòras a' trèanadh saor-thoileach às a' choimhearsnachd a tha airson ionnsachadh mar a thughas iad an taigh fhèin san àm ri teachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an saor-thoileach ionadail a' cuideachadh Sheòrais leis a h-uile gnìomh co-cheangailte ri tughadh, a tha Seòras a' mìneachadh anns an dol air adhart.

Mar thoradh air an seo, tha Seòras a' tagradh £55 gach meatair ceàrnagach (£3,575) ri taobh chosgaisean giùlain nan stuthan aig 45sg gach mìle (£9) agus tha e airidh air 5% de chosgaisean iomlan a' phròiseict airson stèidheachadh làraich (£179.20), a' leantainn gu sùim iomlan de £3,763.20 a bhios airidh air taic tabhartais bho HES.

Dè nach bi sinn a' maoineachadh?

Cha bhi ar Tabhartas Tughaidh Ceann-taighe a' cur taic ri:

- Cìsean tughaidh proifeiseanta. Ma tha thu ag obair le tughadair proifeiseanta, faodaidh tu tagradh a dhèanamh air-loidhne tro ar [prògram Tabhartais Àrainneachd Eachdraidheil](#).
- Toirt a-steach no ath-thoirt a-steach tughadh far nach eil tughadh gu làithreach.

Modh tagraidh

Bu chòir dhut am foirm tagraidh a lìonadh agus a tilleadh agus fianais le dealbhan na lùib gu grants@hes.scot no sa phost chun an t-seòlaidh san fhoirm tagraidh.

Ath-sgrùdaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) do thagraidh agus freagraidh iad taobh a-staigh sia gu ochd seachdainean.

Dè am fiosrachadh a dh'fheumas sinn?

Tha sinn ag iarraidh an fhiosrachaidh a leanas anns na foirmean tagraidh uile:

- Nuair a chaidh an tughadh a chàradh roimhe.
- An t-adhbhar gu bheil an obair riatanach an-dràsta.
- Iomradh air na tha an lùib na h-obrach.
- Iomradh air an stuth tughaidh a tha gu bhith air a chleachdadh agus tùs an stuith.
- Dealbhan den raon obrach san amharc, gu soilleir a' nochdadh mionaideachd an damaist, le fianais air meataireachd ceàrnagach tuairmsichte an raoin obrach, a' cleachdadh bioran meatair no teip tomhais san ìomhaigh, ma ghabhas sin a dhèanamh.
- Tuairmse air an àm a thathar an dùil an obair a dhèanamh.
- Fiosrachadh conaltraidh neach saor-thoileach sam bith a bhios a' gabhail sgilean trèanaidh traidiseanta os làimh, ri thoirt seachad aig àm na h-obrach, ma tha sin iomchaidh.

Thèid gach tagradh a mheasadh air bhunait fa leth.

Dè ma tha mo thagraidh soirbheachail?

Cuiridh HES litir tairgse tabhartais thugad a bhios a' mìneachadh chumhachan is chùmhnanntan an tabhartais agad agus loidhnichean-tìm sam bith, a' gabhail a-steach nuair a bhiodh sinn a' sùileachadh don obair a bhith crìochnaichte.

Cuiridh ball de sgioba Ionmhais HES fios air leth thugad gus fiosrachadh banca a dhearbhadh airson an tabhartais a phàigheadh.

Aon uair 's gu bheil thu air an obair a chrìochnachadh, bu chòir dhut d' fhoirm tagraidh agus d' aithisg a chur gu HES, agus fianais dhealbhan den obair.

Tha tagraidhean thabhartasan gu h-àbhaisteach pàighte às dèidh làimh; ach, ma tha pàigheadh riatanach dhut ro-làimh, bu chòir dhut na h-adhbharan airson seo a mhìneachadh san tagradh agad.

Dè am fiosrachadh eile a dh'fheumas mi?

Bu chòir dhut beachdachadh a bheil an tughadh a tha molta a' maidseadh an tughaidh eachdraidheil, agus mura h-eil gach oidhirp a dhèanamh air an tughaidh maidsidh a lorg. Mura h-eil an seòrsa eachdraidheil ri fhaotainn, an uair sin feumaidh an seòrsa tughaidh a tha molta a bhith cho faisg 's a ghabhas (seòrsa agus cruinn-eòlas).

Is fheàrr le HES an stuth tughaidh a bhith air a lorg gu h-ionadail, ach mura h-eil sin comasach, bho thaobh a-staigh Alba. Chan eil coltas gum bi stuthan air an lorg taobh a-muigh Alba airidh air maoineachadh, mura gabh e a thaisbeanadh gu soilleir nach eil seòrsaichean sam bith eile rim faotainn.

Chan fhaod thu stuthan a cheannach no obair a thòiseachadh gus am faigh thu tairgse tabhartais fhoirmeil bho HES, oir fàgaidh seo do thagradh neo-airidh air tabhartas.

Bidh HES a' sùileachadh dhut na stuthan a lorg, an obair a dhèanamh, agus fianais dhealbhan air an obair chrìochnaichte a sholarachadh, taobh a-staigh sia mìosan de cheann-là na tairgse.

A bheil comhairle sam bith eile ri fhaotainn?

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na diofar sheòrsaichean is chleachdaidhean air tughadh mar stuth mullaich, a thuilleadh air stiùireadh air dòighean càraidh is cumail suas, feuch gun leugh thu ar [lùl Fiosrachaidh: Mullaich air an Tughadh](#) no [lùl Mhodhan Tughaidh is Tughadh](#).

Ma tha ceistean sam bith agad no nam bu mhath leat tuilleadh taic, cuir fios thugainn aig grants@hes.scot.

EÀRR-RÀDH I: EISIMPLEIREAN DHEALBHAN



Dealbh de thaobh togalaich le tughadh gus an leud a thaisbeanadh. Creideas deilbh: Esther NicDhòmhnaill



Dealbh de aghaidh togalaich le tughadh. Creideas deilbh: Esther NicDhòmhnaill



Dealbh de chùl togalaich le tughadh. Creideas deilbh: Esther NicDhòmhnaill



Dealbh dhlùth de stuthan tughaidh. Creideas deilbh: Esther NicDhòmhnaill